

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Naomh Màiri NicIlp

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,379. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,075 corresponds to Litir 1,379. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dè na sgìrean Gàidhealach ann an Alba anns an do mhair an creideamh Caitligeach on t-seann aimsir chun an latha an-diugh? Tha mi a' ciallachadh le sin sgìrean far an robh, agus far a bheil, coitheanalan Caitligeach agus far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn anns a' choimhearsnachd – no far an robh i ga bruidhinn gu o chionn ghoirid.

Bidh sibh a' beachdachadh, tha mi cinnteach, air na h-Eileanan a Deas – Barraigh, Èirisgeigh, Uibhist a Deas agus Beinn a' Bhaoghla. Ach cha bu chòir dhuinn a bhith a' dìochuimhneachadh gu bheil sgìrean Gàidhealach **air tìr-mòr** far a bheil Caitligeachd beò fhathast. Am measg sin, tha Bràigh Loch Abar – an dùthaich timcheall Drochaid an Aonachain agus Drochaid Ruaidh.

Bha mi ann an Drochaid Ruaidh o chionn ghoirid agus chaidh mi don eaglais Chaitligich – Eaglais Naoimh Mairead. 'S e eaglais bhrèagha a th' innte. Na broinn, tha ionad coisrigte do naomh aig an robh buntanas làidir don sgìre.

B' ise Màiri NicIlp – an aon naomh Astràilianach. Ach bha buntanas aice do dh'Alba cuideachd – agus gu sònraichte don Drochaid Ruaidh. Tha fiosrachadh anns an eaglais a tha a' mìneachadh a' ghnòthaich.

Bha màthair Màiri – Flòraidh – à Creithneachan ann an Gleann Ruaidh, faisg air Drochaid Ruaidh. Bha a h-athair – Alasdair – à Mùrlagan ann an Gleann Spiothain. Chan eil e soilleir an robh an dithis eòlach air a chèile aig an taigh, ach thachair iad ri chèile ann an Astràilia. **Rinn Alasdair eilthireachd** ann an ochd ceud deug, trithead 's a h-ochd (1838). Chaidh Flòraidh ann dà bhliadhna an dèidh sin. Bha càirdean aig an dithis aca air eilthireachd a dhèanamh do dh'Astràilia roimhe.

Rugadh Màiri faisg air Melbourne ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a dhà (1842). B' i a' chiad leanabh de dh'ochdnar a bhiodh aig Alasdair agus Flòraidh. Bha Màiri dileas don chreideamh aice. Mus robh i fichead bliadhna a dh'aois, bha fios aice gun robh i airson a bhith a' dèanamh 'obair Dhè' mar a chanadh i fhèin.

Chuala mi bho dhaoine ann an Astràilia gun robh Alasdair agus Flòraidh a' bruidhinn Gàidhlig ri chèile agus mar sin gun robh an cànan aig Màiri cuideachd. Chan urrainn dhomh sin a dhearbhadh.

Ach bha e air a bhith feumail dhi Gàidhlig a bhith aice oir, ann an ochd ceud deug, seachdad 's a trì (1873), thàinig Màiri a dh'Alba agus chaidh i a chèilidh air na càirdean aice ann an Creithneachan.

Roimhe sin, bha Màiri air buidheann ùr agus sgoil ùr a chur air dòigh. Thòisich i ann an ceann a deas Astràilia ach sgaoil a' bhuidheann gu iomadh sgìre anns an dùthaich. 'S e an t-ainm a bh' orra Peathraichean Iòsaph a' Chrò-naomh.

Ge-tà, chaidh cùisean bhuaithe. Dh'fhuiling Màiri agus a' bhuidheann air sàillibh mì-ghiùlan sagairt agus poilitigs na h-Eaglaise. Chaidh Màiri a chur a-mach às an Eaglais.

Gu fortanach dhi, dh'atharraich cùisean. Dh'aithnich am Pàp – Pius IX – gun robh i a' dèanamh obair mhath. Choisinn i cliù taobh a-staigh na h-Eaglaise agus ann an naoi ceud deug, naochad 's a còig (1995), fada an dèidh a bàis, bha i air a h-aithneachadh mar 'bheannaichte'. Chaidh a dèanamh na naomh ann an dà mhìle sa deich (2010). Tha an coitheanal Caitligeach ann an Drochaid Ruaidh, mar a bhiodh dùil, gu math moiteil aiste.

* * * * *

Faclan na Litreach: coitheanalan: *congregations*; Caitligeachd: *Catholicism*; Bràigh Loch Abar: *Lochaber*; Drochaid an Aonachain: *Spean Bridge*; Drochaid Ruaidh: *Roybridge*; Màiri NicIlp: *Mary MacKillop*; Crannachan: *Cranachan*; Peathraichean Iòsaph a' Chrò-naomh: *the Sisters of St Joseph of the Sacred Heart*; Am Pàp: *The Pope*.

Abairtean na Litreach: anns an do mhair an creideamh Caitligeach on t-seann aimsir chun an latha an-diugh: *in which the Catholic religion survived from olden times to the present day*; far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn: *where Gaelic is spoken*; na h-Eileanan a Deas – Barraigh, Èirisgeigh, Uibhist a Deas agus Beinn a' Bhaoghla: *the Southern Isles – Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula*; cha bu chòir dhuinn a bhith a' dìochuimhneachadh: *we should not forget*; na broinn, tha ionad coisrigte do naomh aig an robh buntanas làidir don sgìre: *inside it, there is a shrine to a saint who had a strong connection to the area*; Mùrlagan ann an Gleann Spiothain: *Murlaggan in Glen Spean*; chan eil e soilleir an robh an dithis eòlach air a chèile aig an taigh: *it's not clear if the pair knew each other at home*; thachair iad ri chèile ann an Astràilia: *they met each other in Australia*; bha càirdean aig an dithis aca air eilthireachd a dhèanamh do dh'Astràilia roimhe: *relatives of both of them had previously emigrated to Australia*; bha fios aice gun robh i airson a bhith a' dèanamh 'obair Dhè': *she knew that she wanted to do 'God's work'*; chan urrainn dhomh sin a dhearbhadh: *I can't verify that*; chaidh i a chèilidh air na càirdean aice: *she went to visit her relations*; sgaoil a' bhuidheann gu iomadh sgìre: *the group spread to many areas*; chaidh cùisean bhuaithe: *matters deteriorated*; dh'fhuiling X air sàillibh mì-ghiùlan sagairt agus poilitigs na h-Eaglaise: *X suffered because of the misbehaviour of a priest and Church politics*; chaidh Màiri a chur a-mach às an Eaglais: *Mary was excommunicated*; fada an dèidh a bàis: *long after her death*; bha i air a h-aithneachadh mar 'bheannaichte': *she was beatified*; chaidh a dèanamh na naomh: *she was made a saint*.

Puing-chànain na Litreach: air tìr-mòr: *this is the idiomatic way of saying 'on the mainland'*. Note that in the Gaelic expression there is no article. So we might say, Tha mi a' dol a thìr-mor 'I'm going to the mainland'. Note also that, although tìr is a feminine noun that we do not lenite the adjective. An alternative expression is mòr-thìr, but that is commonly used for 'continent' rather than 'mainland', as in 'the mainland of Scotland'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Rinn Alasdair eilthireachd: *Alexander emigrated*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA